# Riaghailtean A' Mhòid Nàiseanta Rìoghail
## Ùraichte: Am Faoilleach 2026

MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD
Baile Mòr nan Gàidheal • The Heart of Gaelic Scotland

## INNTRIGEADH

1. Tha An Comunn Gàidhealach a' gleidheadh na còrach air inntrigeadh a dhiùltadh.

2. Feumaidh inntrigean uile an cur a-steach, agus pàighte, tron siostaim inntrigidh air-loidhne aig **enter.ancomunn.co.uk** ro **23:59** air **31d Cèitean 2026**. Thèid iarrtasan nach eil coileanta no pàighte aig no às dèidh a' cheann-latha seo a dhiùltadh.

3. Feumaidh pìosan roghainn fhèin is faidhlichean eile mar a bhios iomchaidh a bhith a-staigh tron siostam inntrigidh air-loidhne ro **23:59** air **31d Cèitean 2026**. Cha tèid gabhail ri faidhlichean às dèidh a' cheann-latha. **Cha ghabhar ri inntrigean air post-d**.

4. Cha gabh na cinn-ama gu h-àrd a leudachadh idir. Tha uallach air farpaisich dearbhadh gu bheil an iarrtasan a-steach a rèir an clàr-ama.

5. Feumaidh farpaisich aon-neach uile ann am farpaisean nan inbheach a bhith nam buill den Chomunn Ghàidhealach. Feumaidh Còisirean, Buidhnean, Ceòl-ceathrar, Ceòl-càraid ann am farpaisean nan inbheach ballrachd buidhne a bhith aca no iad uile a bhith nam buill fa leth. Bidh dìth ath-ùrachaidh air ballrachd a' ciallachadh gum faodar nach tèid gabhail ri inntrigean don bhliadhna sin.

6. Faodaidh An Comunn Gàidhealach farpaisean atharrachadh ma bhios barrachd iarrtasan ann na bhathas an dùil.

7. Faodaidh An Comunn Gàidhealach farpais a chur dheth ma bhios nas lugha na trì iarrtasan ann.

8. Bu chòir do phàrantan / luchd-cùraim / tidsearan a tha ag inntrigeadh clann ann an iomadh farpais, dearbhadh gu bheil na dòighean air am faighinn gu na farpaisean fa leth air anm planadh ro-làimh, gus an gealltanas air com-pàirteachadh ann am mòran farpaisean a choileanadh. Tha seo gus inntrigeadh do thuilleadh 's a chòir fharpaisean a sheachnadh agus a bhith fadalach / eu-comasach air frithealadh. **Feumar** fios a chumail ri oifis a' Mhòid agus stiùbhardan mu dhàil sam bith. Bu chòir àireamh fòn-làimhe seachdain a' Mhòid a bhith an cois iarrtas farpaisich.

9. Cha tèid gabhail ri dol a-mach mì-reusanta do luchd-obrach A' Chomuinn Ghàidhealaich, soar-thoilich, breitheamhan no stiùbhardan.

## FARPAISEAN (COITCHEANN)

10. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus riaghailtean mu fharpaisean sònraichte anns a' chlàr-eagair.

11. Chan eil ceòl-taic ceadaichte mura h-eil e gu sònraichte ainmichte san fhiosrachadh mun fharpais.

12. Chan fhaod farpaiseach an aon òran a sheinn ann am barrachd air aon fharpais.

13. Faodaidh pìosan ainmichte a bhith air an seinn ann an gleus sam bith.

14. Chan fhaod farpaisich coimhead ri faclan no ceòl aig an fharpais. Tha seo a' gabhail a-steach oidean no pàrantan a' toirt stiùir le faclan no ceòl aig an fharpais.

15. Bu chòir don tionndadh den fhonn air an duilleig ciùil ainmichte a sheinn mar a tha e sgrìobhte, ach faodar ruitheaman nam pongan a sheinn a' gabhail cunntas air beuman Gàidhlig agus atharrachaidhean ann an dualchainntean fhads nach eil iad sin a' toirt buaidh air ruitheam a' bhàrdachd fhèin.

16. Cha ghabh na Buinn a leanas am buannchadh ach aon uair:
**Na Buinn-òir - S104(F), S104(M)**
**Buinn-òir an t-Seann Nòis - S107(F), S107(M)**
**Bonn-òir Tìm an Òbain - S108**
**Na h-Aigeallan Airgid - S114(F), S114(M)**
**Buinn-òir Comann Sgitheanach Ghlaschu - BA100, BA101**
**Buinn Sheumais Mhic a' Phì (Òigridh) - S15(G), S15(B)**
**Aigeallan Airgid a' Chomuinn Ghàidhealaich (Òigridh) - S09(G)**
**Prìne-Fèilidh Airgid a' Chomuinn Ghàidhealaich (Òigridh) - S09(B)**
**Aigeallan Airgid Seann Nòs a' Chomuinn Ghàidhealaich (Òigridh) - S23(G)**
**Prìne-Fèilidh Airgid an t-Seann Nòis (Òigridh)- S23(B)**
**Bonn Pròbhaist na h-Eaglaise Brice (Òigridh) -S27**

17. Bu chòir do fharpaisich frithealadh san òrdugh sa bheil iad a' nochdadh ann am Prògram a' Mhòid. Bu chòir don Chathraiche dèanamh cinnteach nach eil dàil neo-riatanach ga chur air Farpais air sgàth neo-fhrithealadh le farpaisich; ach, dh'fhaodadh seo ciallachadh farpaisich a ghabhail a-mach às an òrdugh, ma tha sin iomchaidh.

18. Ma thèid dàil air farpaisich aig farpaisean no ionadan eile, feumaidh iad fios a chur gu Oifis a' Mhòid no am Prìomh Stiùbhard aig an Fharpais. Thèid gach oidhhirp a dhèanamh gus an fharpais a chumail fosgailte ach tha an ùine sin a rèir measadh reusanta A' Chomuinn Ghàidhealaich.

19. Feumaidh farpaisich fios a chur cho luath 's a ghabhas gu Oifis a' Mhòid ma tha iad a' tarraing a-mach à farpais.

20. Chan fhaod còisir Òigridh òran a sheinn, a tha ainmichte anns an roinn aca (fileanta no luchd-ionnsachaidh) ann an Earrann nan Còisirean, mar an roghainn fhèin, airson Mòd na bliadhna sin.

21. Chan fhaod còisir Inbheach òran a sheinn, a tha ainmichte an Earrann nan Còisirean, mar an roghainn fhèin, airson Mòd na bliadhna sin.

## CEÒL DEN ROGHAINN FHÈIN

22. Feumaidh pìosan fèin-thaghta uile an cur a-steach air-loidhne **ro 31d Cèitean 2026**. **Thoiribh an aire gum bu chòir cumail gu daingeann ris an riaghailt seo.**

23. Thèid gabhail ri ceòl fèin-thaghta tron t-siostam inntrigidh air-loidhne againn. Tha an t-uallach air an fharpaiseach dèanamh cinnteach gun d'fhuaireadh na pìosan fhèin-thaghta aca. **Cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealadh mura h-eil an iarrtas-farpaiseach air a chomharrachadh 'crìochnaichte'.**

24. **Feumar** cead fhaotainn mus dèanar lethbhreacan de cheòl sgrìobhte sam bith a tha ann an dlighe-sgrìobhaidh A Chomuinn Ghàidhealaich. Chan eil an riaghailt seo buntainneach ma tha pasgan oide no pasgan còisir air a cheannach.

25. A thaobh na farpaisean uile le ceòl fèin-thaghta, **feumaidh** lethbhreac de fhacail an òrain (ann an Gàidhlig), lethbhreac den cheòl sgrìobhte agus eadar-theangachadh de fhacail an òrain a bhith air an cur a-steach. Tha seo na riatanas cuideachd do na prìomh fharpaisean crìochnachaidh. Feumaidh na trì pàipearan sin a bhith air an luchdachadh suas chun an t-siostaim air-loidhne ro **31d Cèitean 2026**.

- **Faclan Gàidhlig**: Luchdaich Suas Roghainn fhèin. Faclan mar theacsa: cruth Microsoft Word no OpenDocument
- **Ceòl:** Luchdaich Suas Roghainn fhèin: le notachadh a fhreagras air an ionnsramaid no eile ann an cruth PDF, Microsoft Word, OpenDocument, Sibelius no dealbh mar TIFF, JPEG, BMP no PNG.
- **Eadar-theangachadh Beurla:** Luchdaich Suas Roghainn fhèin. Faclan mar theacsa: cruth Microsoft Word no OpenDocument.

Feuch gum bi sibh mothachail do bhith a' lethbhreacadh ceòl dìreach bho leabhraichean foillsichte, gun chead a shireadh. Airson farpaisean seann-nòis a-mhàin, luchdaichibh suas aon lethbhreac de fhacail gach òran. Chan eil eadar-theangachadh no ceòl a dhìth airson farpaisean seann-nòis.

26. **Feumaidh** lethbhreacan de fhacail agus ceòl a bhith comharraichte gu soilleir le ainm an fharpaisich agus àireamh na farpaise.

27. **Cha ghabhar** ri atharrachadh ri pìosan fèin-roghnaichte às dèidh **31d Lùnastal 2026**.

## FILEANTACHD

28. Ma tha pàiste ga oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig, agus ann an Clas 2 no nas àirde aig àm A' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, feumaidh e / i a bhith air an inntrigeadh do fharpaisean nam fileantach.

29. Bu chòir do chlann ann am FMG (Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig) a tha ann an Clas 1, an inntrigeadh do fharpaisean luchd-ionnsachaidh.

30. Bu chòir do chlann ann an Clas 1 a tha bho chùl-raon fileanta (eadar gu bheil iad ann an sgoil FMG no nach eil) nuair a tha co-dhiù aon phàrant / neach-cùraim a' bruidhinn Gàidhlig san dachaigh, an inntrigeadh do fharpaisean nam fileantach.

31. Thoiribh sùil air an sgrìobhainn 'Stiùiridhean do Theaghlaichean, Sgoiltean agus Oidean' airson tuilleadh fiosrachaidh.

32. Bu chòir do phàrantan / luchd-cùraim / tidsearan le clann le feumalachdan a bharrachd (no suidheachadh neo-àbhaisteach) agus a' coimhead ri clann inntrigeadh do fharpais sam bith, fios a chur gu An Comunn Gàidhealach ma bhios taic sònraichte a dhìth. Bu chòir do phàrantan / luchd-cùraim / tidsearean an ùghdarras a chleachdadh nuair a tha iad ag inntrigeadh clann do fharpaisean.

33. Chan fhaodar fileantaich inntrigeadh do fharpaisean luchd-ionnsachaidh. Faodaidh luchd-ionnsachaidh com-pàirteachadh ann am farpaisean fhileantach ann an cuid de shuidheachaidhean – m.e. farpaisean càraid.

## AOISEAN

34. Ann an earrann na h-òigridh, a thaobh fharpaisean comharraichte le aois seach clas, feumaidh farpaisich a bhith taobh staigh a' bhuidhinn aoise ainmichte air a' chiad latha den Dàmhair sa bhliadhna a tha am Mòd ga chumail. Chan eil farpaiseach sam bith fo aois 18 so-thaghte do Fharpaisean nan Inbheach – chan eil seo buntainneach do Fharpaisean Chòisirean.

35. Cha bu chòir do Fharpaiseach com-pàirteachadh san dà chuid farpaisean na h-Òigridh agus farpaisean nan Inbheach sa bhliadhna cheudna (ach a-mhàin Farpaisean Chòisirean).

## FARPAISEAN IONNSRAMAIDEAN

36. Faodaidh farpaisich coimhead ri ceòl aig an fharpais. Chan fheum farpaisich ceòl a chur a-steach ro-làimhe.

37. Chan fhaod farpaiseach cluich ann am barrachd air aon bhuidheann san aon fharpais.

38. Feumaidh co-dhiù trì fidhlean a bhith ann am buidhnean fìdhle, le taic ciùil bho suas ri sia ionnsramaidean. Chan fhaod barrachd air aon chluicheadair deug a bhith ann am buidheann.

39. Bu chòir do fharpaisich ann am farpaisean ionnsramaid a bhith mothachail don fhiosrachadh a bharrachd a tha ri fhaotainn sa chlàr-obrach mun fharpais. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi e riatanach pìos ciùil de thùs Gàidhlig a chluich.

40. Airson ceistean sam bith a thaobh farpaisean Clàrsaich, cuiribh fios gu rianaire Comunn Na Clàrsaich – **gaelic@clarsachsociety.co.uk**.

## FARPAISEAN PÌOBAIREACHD

### ÒIGRIDH

41. Tha an fharpais seo fosgailte do cluicheadairean òga 18 bliadhna a dh'aois agus nas òige, nach eil air com-pàirteachadh ann am farpais Pìobaireachd inbheach roimhe.

42. Feumaidh farpaisich a bhith taobh a-staigh a' bhuidhinn aoise ainmichte air a' chiad latha den Dàmhair sa bhliadhna anns a bheil am Mòd ga chumail.

43. Chan eil farpaisich ann an tachartasan P01 agus P02 so-thaghte do thachartasan eile.

44. Chan eil farpaisich ann an tachartas P03 so-thaghte do thachartasan eile ach P07, a rèir freagarrachd aoise.

45. Chan urrainn do fharpaisich ag inntrigeadh tachartas P08 com-pàirteachadh ann am farpais P07.

46. Chan urrainn do fharpaisich a tha air làn Phìobaireachd a ghnìomhadh ann am farpais sam bith, com-pàirteachadh ann an tachartas P07.

47. Chan fhaod farpaisich inntrigeadh do thachartasan ach sa bhuidheann aoise aca fhèin.

48. Feumaidh farpaisich a bhith deiseil airson com-pàirteachadh san òrdugh cluiche mar a tha air a shònrachadh sa phrògram, no air a stiùireadh leis na Stiùbhardan. Dh'fhaodadh seachnadh air an seo leantainn gu di-cheadachadh.

**INBHICH**

49. Tha Farpaisean Pìobaireachd Inbhich air an riaghladh le Comann Farpais nam Pìobairean. Airson fiosrachadh, cuiribh fios gu **cpa_sec@yahoo.co.uk**

## COGADH NAN CÒMHLAN (BATTLE OF THE BANDS)

50. Bu chòir 3 buill aig a' char as lugha a bhith ann an còmhlain òigridh ach gun a bhith nas motha na 8 buill ann an aon seat sam bith.

51. Sa chiad chuairt de ro-fharpaisean, faodaidh chòmhlain aon seata ionnsramaid traidiseanta le seinn Gàidhlig a ghnìomhadh. Ma gheibh an còmhlan air adhart chun na farpais dheireannaich, faodaidh chòmhlain dà sheat a chluich mar sheat ionnsramaid le òran Gàidhlig na lùib.

52. Bidh siostam PA ri fhaotainn. **Feuch gun cuir sibh a-steach fiosrachadh teicnigeach a' chòmhlain agaibh, mar phàirt den iarrtas-farpaiseach agaibh air-loidhne.**

53. Farpais I11 (fo aois 13): Tachraidh a' chiad chuairt air feasgar Diluain agus an fharpais crìochnachaidh Oidhche Luain seachdain a' Mhòid. Farpais I12 (fo aois 19): Tachraidh a' chiad chuairt air feasgar Dimàirt agus an fharpais crìochnachaidh Oidhche Mhàirt seachdain a' Mhòid.

54. Chan fhaod farpaiseach seinn no cluich ann am barrachd air aon bhuidheann san aon fharpais. Chan fhaod còmhlan (buill còmhlain) an fharpais sa a bhuannachadh barrachd air aon uair.

55. Chan fhaod buill a tha a' gabhail pàirt ann an Cogadh nan Còmhlan coimhead ri facail no ceòl aig àm an fharpais.

56. Cuiridh An Comunn Gàidhealach fios gu luchd-inntrigidh san fharpais seo le uair airson cothrom fuaim a chur air dòigh ro-làimh. Feumaidh còmhlain cumail gu teann ris na h-uairean a thèid a thoirt dhaibh.

## SEINN-CÀRAID, SEINN-CEATHRAR AGUS SEINN ANN AN CO-SHEIRM

57. Chan fhaod farpaiseach seinn ann am barrachd air aon bhuidheann san aon fharpais.

## CÒISIREAN ÒIGRIDH

58. Feumaidh co-dhiù 8 guthan a bhith ann am farpais Chòisirean agus 30 guthan aig a' char as àirde.

59. Chan fhaod farpaiseach seinn ann am barrachd air aon chòisir san aon fharpais.

60. Faodaidh còisirean pìosan ainmichte a sheinn anns a' ghleus roghnaichte aca fhèin.

61. Chan fhaod stiùirichean seinn còmhla ri an còisirean.

62. Chan fhaod buill Chòisirean no Stiùirichean Chòisirean coimhead ri facail no ceòl aig an fharpais.

63. Cha bu chòir do bharrachd air an àireamh aontaichte sa cheud de sgoilearan tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith ann an Còisirean Luchd-ionnsachaidh, a bhios aig ìre 50% sa bhliadhna làithreach seo. Thèid an àireamh seo sa cheud ath-sgrùdadh gach bliadhna.

64. Tha farpais C07 fosgailte do bhun-sgoiltean / buidhnean coimhearsnachd ann an sgìrean le àireamh sluaigh 2000 aig a' char as àirde. Faodaidh bun-sgoiltean / buidhnean coimhearsnachd a thighinn còmhla mar chòisir.

## CÒISIREAN INBHICH

65. Is e 35 an àireamh as àirde de sheinneadairean a tha ceadaichte com-pàirteachadh ann am farpaisean measgaichte chòisirean. Is e 10 guthan an àireamh as ìsle. Tha an riaghailt seo buntainneach cuideachd do chòisirean sgìreil agus dùthchail. Tha an riaghailt seo buntainneach do fharpaisean chòisirean fhear is bhoireannach.

66. Bidh Còisirean Dùthchail bho sgìrean taobh a-muigh na bailtean-mòr.

67. Chan fhaod stiùirichean seinn còmhla ri an còisirean.

68. Faodaidh còisirean uile pìosan ainmichte a sheinn anns a' ghleus roghnaichte aca fhèin.

69. Airson pìosan ainmichte chòisirean, tha beuman air an comharrachadh a-rèir an ruitheim ainmichte tron òran. Bu chòir do bhritheamhan a bhith mothachail gum faod còisirean a bhith diofraichte nan eadar-mhìneachadh agus nan lìbhrigeadh air beuman is ruitheaman, agus sùbailteachd a cheadachadh a thaobh seo. Chan fheum còisirean a-nis atharrachaidhean beaga a nì iad, a chur a-steach.

70. Leanaidh na riaghailtean mu fhileantachd ann an còisirean mar a bha iad airson Mòd 2026.

71. Chan fhaod farpaiseach seinn ann am barrachd air aon chòisir san aon fharpais.

72. Chan fhaod buill Chòisirean no Stiùirichean Chòisirean coimhead ri facail no ceòl aig an fharpais.

73. Faodaidh òigridh eadar 16 agus 18 bliadhna a dh'aois seinn ann an còisir inbhich.

## FARPAISEAN MHEADHANAN, EALAIN AGUS LITREACHAIS

74. Is e obair thùsail neo-cheartaichte an fharpaisich a dh'fheumas a bhith anns na h-inntrigean uile.

75. Feumar ainmean-brèige a chleachdadh, agus a bhith comharraichte gu soilleir air gach duilleig den obair sgrìobhte/chlò-bhuailte.

76. Litreachas – feumaidh an obair uile a bhith clò-bhuailte agus air a chur a-steach ann an cruth PDF.

77. Ealain – bu chòir don obair uile a chur a-steach ann an cruth PDF no JPEG.

78. Rèidio/Film – bu chòir don obair uile a chur a-steach ann an cruth MP4.

79. Feumaidh inntrigean uile a bhith air an cur a-steach ro **31d Cèitean 2026** tron t-siostam inntrigidh air-loidhne.

## BREITHNEACHADH

80. Bidh duilleagan breithneachaidh a-nis air an luchdachadh suas dìreach gu cunntas inntrigidh air-loidhne a' chom-pàirtiche. **Feuch gum bi sibh mothachail nach bi duilleagan breithneachaidh rim faotainn tuilleadh airson an togail tro sheachdain a' Mhòid.**

81. Bidh co-dhùnaidhean nam britheamhan deireannach.

## BUANNAICHEAN CIAD DUAISEAN

82. Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air buannaichean na ciad duaisean pàirt a ghabhail ann am filmeadh don BhBC. Bidh am BBC a' stiùireadh agus a' cumail sùil air a' phròiseas seo.

## GILL-DÙBHLAIN

83. Feumaidh na duaisean uile a bhith air an tilleadh, air an glanadh agus air an gràbhaladh (le cosgais an fharpaisiche) gu oifis A' Chomuinn Ghàidhealaich aig 5 Caolshràid Mhìcheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ ro **31d Iuchar** den ath bhliadhna. Tha an uallach air buannaiche na duaisean a thilleadh air ais do dh'oifis Inbhir Nis gu pearsanta no le teachdaire. **Chan fhaod duaisean a bhith air am fàgail ann an àite sam bith eile.**

84. **Mur a tèid cumail ris an stiùireadh seo gheibhear cìs rianachd de £20 airson gach ùine de 30 latha a tha seach-tìde (no pàirt dhe sin).**

85. Feumar fiosrachadh a thoirt dhan Chomunn Gàidhealach mu dhamaist sam bith no obair a dh'fheumar a dhèanamh air duaisean cho luath 's a ghabhas.

## MEASADH GÀIDHLIG

86. Feumaidh farpaisich a bhios ag inntrigeadh **Bonn Òir a' Chomuinn Ghàidhealaich, Bonn Òir an t-Seann Nòis agus An t-Aigeallan Airgid** an ìrean fileantachd ath-mheasadh **gach 3 bhliadhna**. Tha seo airson dèanamh cinnteach gu bheil ìrean fileantachd nam farpaisean sin air an cumail aig ìre àrd.

87. **Tha An Comunn Gàidhealach a' gleidheadh na còrach inntrigeadh gu farpais a dhiùltadh nuair nach eil adhartas sam bith dèante sa chànan.**

88. Thathar a' sùileachadh gun dèan luchd-ionnsachadh adhartas leantainneach sa chànan gach bliadhna tro na h-ìrean. Feumaidh farpaisich Cairt Umha a chosnadh ro inntrigeadh gu farpais Seann Nòis luchd-ionnsachaidh nan Inbheach.

89. Feumaidh farpaisich am Measadh Gàidhlig a shuidhe ron **31d Cèitean** den bhliadhna sa bheil iad a' farpais aig a' Mhòd. Gabhaidh seo a dhèanamh gu pearsanta no air-loidhne.

90. Thoiribh sùil air earrann a' Mheasaidh Ghàidhlig den làrach-lìn **ancomunn.co.uk/nationalmod/gaelic-assessment** airson làn fhiosrachadh.

*Thèid fiosrachadh / atharrachadh a thaobh na riaghailtean fhoillseachadh air an làrach-lìn (www.ancomunn.co.uk) agus air na meadhanan sòisealta.*

LE TAIC BHO WITH SUPPORT FROM

Bòrd na Gàidhlig · VISIT GLASGOW · Scottish Government Riaghaltas na h-Alba · Caledonian MacBrayne · EventScotland · SQA · ALBA